

AG IARRAIDH FIOSRACHAIDH

WANTING INFORMATION

You see an advertisement for holiday accommodation in a small country village and write for more information. You receive the following reply. Read the letter and tick off what pastimes and facilities are available.

Sealladh na Mara
Baile nan Cnoc
14 Dgmhios

A charaid

Tha mi glè thoilichte fiosrachadh a chur thugaibh mu Bhaile nan Cnoc agus mu na cur-seachadan a tha ann airson luchd-turas. 'S e baile beag a th' ann ri taobh na mara. Tha a' mhòinteach agus na beanntan ag èirigh suas air cùlaibh a' bhaile. Mar sin tha cothrom gu leòr ann a bhith a' coiseachd agus a' streap. Tha mòran lochan anns a' mhòintich. Tha iad uile math airson iasgach bhreac. Chan eil abhainn no abhainn mòr ann am Baile nan Cnoc idir.

Tha an taigh againne ri taobh na mara agus mar sin tha cothrom ann a bhith a' snàmh nuair a bhios an t-side math. Tha tràigh gainmhich ann cuideachd mu while bhon taigh againn. Chan eil bùthan idir an seo, ach chan eil am baile mòr ach còig mile air falbh.

Le deagh dhùrachd
Anna NicDhomhnaill

- | | |
|------------------------------------|--------------------------|
| 1. a' coiseachd sa mhòintich | <input type="checkbox"/> |
| 2. a' streap nam beann | <input type="checkbox"/> |
| 3. a' snàmh anns a' mhuir | <input type="checkbox"/> |
| 4. bùthan | <input type="checkbox"/> |
| 5. tràigh gainmhich | <input type="checkbox"/> |
| 6. iasgach air Loch | <input type="checkbox"/> |
| 7. iasgach air abhainn | <input type="checkbox"/> |